

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 1d dhen Lùnastal 2021

Ùrnaigh aig 7f

“Is mise aran na beatha. An neach a thig thugamsa, cha bhi acras air, agus an neach a chreideas annamsa, cha bhi pathadh air gu bràth.” Tha faclan prìseil an t-Soisgeil a’ labhairt dhuinn ann an làithean an fhàsaich, agus sin a’ sireadh beathachaidh spioradail. Labhair ìosa na faclan seo dhan fheadhainn a bha ga shireadh fad greis. Nuair a lorg iad e, labhair ìosa riutha mun “aran o nèamh”, agus thuirt iad ris, “A Thighearna, thoir dhuinne an t-aran seo an-còmhnaidh.” Thuirt ìosa riutha, “Is mise aran na beatha.” (Eòin 6: 24 - 35)

Dhan fheadhainn a tha ga shireadh san fhàsach, tha ìosa ga thoirt fhèin mar “aran o nèamh”. Seinneamaid:

*Aran nèamhaidh, aran nèamhaidh,
Beathaich mi gu crìoch mo latha!*

Dèanamaid ùrnaigh:

Athair ghràs-mhoir,
a bheireas dhuinn aran o nèamh,
èist rinn nuair a bhios an t-acras oirnn,
agus sinn a’ gairm ort-sa, Aran na Beatha,
Ath-nuadhaich sinn tro thiodhlac do làthaireachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Athair ghràs-mhoir,
a bheireas dhuinn aran o nèamh,
èist ri gaoir na feadhna air a bheil an t-acras an-diugh,
a tha feumach air do thiodhlacan a bheireas beatha ùr dhaibh.
Ath-nuadhaich ar n-aire air do Chruthachadh gu lèir,
agus air ar co-chreutairean.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh

Athair ghràs-mhoir,
a bheireas dhuinn aran o nèamh,

èist rinn nuair a bhios am pathadh oirnn,
agus nuair a bhios uisge beò a dhìth oirnn.
Deònaich dhaibh uile air a bheil am pathadh
deoch o aibhnichean uisge bheò.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Athair ghràs-mhoir,
a bheireas dhuinn aran o nèamh,
èist ri gaoir na feadhna aig nach eil uisge glan,
agus a tha beò ann an tìrean tartmhor.
Deònaich uisge beò dhaibh uile air a bheil tart.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Athair ghràs-mhoir,
a bheireas dhuinn aran o nèamh,
Cluinn ar gaoir air Ìosa,
Aran na Beatha.
Thoir dhuinn an t-aran seo an-còmhnaidh.
Athair, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,

Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Oll. Daibhidh Miller, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Niall MacMhaoilein, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam

Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an

Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan

Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais

Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla

ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)